

Nàiseanta 5 Gàidhlig Labhairt Craoladh Gàidhlig Earrann mu chraoladh Gàidhlig.

Feasgar math. Is mise Eilidh NicLeòid agus an-diugh tha mi gu bhith a' toirt seachad mo bheachd air BBC ALBA is mi a' beachdachadh air ceist a bhuail orm iomadh uair sa bhliadhna a chaidh seachad, is e sin, "A bheil BBC ALBA a' tabhann gu leòr do dheugairean?"

Thòisich BBC ALBA a' craoladh phrògraman air seanail ùr ann an dà mhìle 's a h-ochd. Is e fìor dheagh cheum air adhart a bh' ann. Roimhe seo bha iomadh prògram ri fhaicinn tron t-seachdain ach bha iad tric air ro anmoch air an oidhche do dhaoine an coimhead, gu h-àraidh airson deugairean m' aois-sa! A-nis, chithear prògraman aig uair a tha freagarrach is dòigheil. Gheibh thu fiù 's coimhead air cuid de phrògraman a-rithist air-loidhne air BBC iPlayer.

Ceist: Am bi thu fhèin a' coimhead prògraman a-rithist air-loidhne tric Eilidh?

Cha bhi mi gan coimhead gach seachdain, is dòcha uair no dhà sa mhìos. Cha toigh leam a bhith a' call *Aifric* ach 's e prògram mu eachdraidh-beatha tè a tha glè ainmeil a thaobh fasan air an do choimhead mi mu dheireadh. Bha sin inntinneach oir tha i seo glè ainmeil air feadh an t-saoghail airson na rudan brèagha a bhios i a' dèanamh. Cha robh mi airson sin a chall!

Ceist: Dè seòrsa prògraman a chithear air BBC ALBA san fharsaingeachd?

Tha iomadh seòrsa prògram ri fhaicinn air BBC ALBA. Bha riamh prògraman air an telebhisean mu naidheachdan an t-saoghail, eachdraidh agus ceòl. Tha iad sin fhathast rim faicinn, ach a-nis gheibhear tòrr a bharrachd: prògraman spòrs mu bhall-coise, iomain no fiù 's seòladh, mar eisimpleir. Ma tha ùidh agad ann a bhith a' rèiseadh chàraichean, còcaireachd, coin-chaorach, trioblaidean phearsanta is eachdraidh-beatha, tha gu leòr ri fhaicinn.

Ceist: Dè na prògraman a tha a' còrdadh riut?

Tha an siabann *Aifric* a' còrdadh rium glè mhath. Tha am prògram seo ga chlàradh ann an Èireann is tha e air a stèidheachadh air beatha tè òg. Tha i mun aois agamsa is tha sinn a' faicinn dè tha dol na saoghal: a beatha, a teaghlach, a caraidean, gaol,

Bitesize

trioblaidean a th' aice is eile. Tha am prògram *Aifric* a' feuchainn ri bhith coltach ri *Neighbours* tha mi a' creidsinn. Is toil leamsa *Aifric* oir tha e inntinneach prògram fhaicinn a tha ga chlàradh ann an Gàidhlig na h-Èireann.

Ceist: Mìnich do bheachdan, me do bheachd air na preseantairean is eile.

Bu mhath leamsa obair fhaighinn ann an saoghal an fhasain nuair a bhios mi nas sine, 's ann air an adhbhar sin a bhios mi a' coimhead *Grinn* nuair a tha e air an TBh. Is toil leamsa a bhith a' coimhead *Grinn* oir tha e inntinneach is spòrsail. Anns gach prògram bidh dithis, Donna is Lynda, a' cuideachadh feadhainn a tha mì-chinnteach mu an coltas, mar eisimpleir, dè seòrsa aodaich a tha freagarrach dhaibh, maise-gnùis a nì diofar ri an coltas, is eile. Tha iad glè bheothail agus tha iad an-còmhnaidh gu math snog ri gach neach a ghabhas pàirt. Bidh iad an toiseach a' coimhead air dè an t-aodach a bhios an neach a' cur orra an-còmhnaidh, mar eisimpleir, bidh cuid dhiubh "beò" ann an jeans is geansaidhean. Bidh sgioba *Grinn* an uair sin a' toirt orra stoidhle ùr is diofraichte fheuchainn. Mar as trice bidh an fheadhainn a tha a' gabhail pàirt a' coimhead glè thoilichte aig deireadh gach prògram - agus cus nas fheàrr nam bheachd-sa!

Ceist: An còrdadh e riut fhèin a dhol air prògram Grinn?

Chòrdadh gu dearbha! Chan eil cus airgead agamsa uair sam bith is chòrdadh e rium nan innseadh Donna dhomh dè bu chòir dhomh a cheannach gus an t-aodach a th' agam mu thràth a bheothachadh no a dhèanamh nas fhasanta.

Ceist: Dè nan iarradh iad ort rudeigin a chuir ort nach robh a còrdadh riut?

Hmm, tha mi a' creidsinn gum feuchainn orm e. Mar a thuirt mi, chòrdadh obair ann am fasan rium, dh'fheumainn earbsa a chuir ann an Donna, tha ise eòlach air saoghal an fhasain. Tha mi cinnteach gun taghadh i rudeigin freagarrach agus co-dhiù, chan eil mi airson a bhith a' coimhead dìreach mar a h-uile neach eile mun cuairt orm!

Ceist: Dè na rudan nach eil a' còrdadh riut? Dè bu mhath leat fhaicinn air BBC ALBA?

B' fheàrr leam gun robh barrachd phrògraman do dheugairean air BBC ALBA. Tha mi den bheachd gu bheil tòrr air do chlann òga le *Dè a-nis?*, cartùnaichean is prògraman spòrsail eile. Chan eil mise faicinn gu bheil mòran air do chlann a tha nas

Bitesize

sine na sin, ach is dòcha *Breab*. Seo prògram a tha a' cur buidheann de dheugairean còmhla ann an taigh is a' toirt dùbhlaidh dhaibh gach seachdain, mar eisimpleir, ag obair mar neach-smàlaidh airson latha! Chòrdadh e rium nam biodh prògraman a bharrachd ann mu cheòl. Tha *Rapal Tbh* glè mhath, is tha còmhla ùra an-còmhnaidh air ach uaireannan chan eil gu leòr ann mu chòmhla a tha a' seinn sa Ghàidhlig. Bhiodh barrachd mun sin math.

Airson co-dhùnadh tha mise a' smaoineachadh gur e fìor dheagh rud a th' ann am BBC ALBA. Tha e cudromach dhan Ghàidhlig gu bheil a leithid de sheirbheis ri fhaighinn. Chòrdadh e rium a-nis nan tigeadh BBC ALBA timcheall gach sgoil, no gum bruidhneadh iad ri deugairean ann an dòigh air choireigin, gus ar beachdan fhaighinn mu phrògraman a bhiodh freagarrach dhuinn. Tha na th' aig BBC ALBA glè mhath, ach tha cothrom ann fada a bharrachd a thabhann do dheugairean.